

Slatan-tomhais

Nuadh-chànanan

Am Màrt 2017

Am Màrt 2017

Dh'ainmich [Aithris do Luchd-cleachdaidh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais \(CfE\)](#) (Lùnastal 2016) aig Foghlam Alba gur e an dà phriomh stòras a tha a' cur taic ri luchd-cleachdaidh gus ionnsachadh, teagasc agus measadh a phlanadh:

- **Eòlasan agus Builean**
- **Slatan-tomhais**

Tha Slatan-tomhais air an leasachadh gus soilleireachd a sholarachadh air na h-ìrean nàiseanta a thathar a' sùileachadh taobh a-staigh gach raon den churraicealam aig gach ìre. Tha iad a' mìneachadh loidhnichean adhartais a tha glè shoilleir ann an litearrachd is Beurla agus àireamhachd is matamataig, agus tarsainn gach raon eile den churraicealam bho Thràth-ìrean gu Ceathramh Ìrean (Ciad Ìre gu Ceathramh Ìre ann an Nuadh-chànanan). Tha iad a' dèanamh soilleir na dh'fheumas luchd-ionnsachaidh de dh'fhiorsachadh agus a bhith comasach a dhèanamh airson adhartachadh tro na h-ìrean, agus taic a chur ri cunbalachd ann am breithneachaidhean proifeiseanta thidsearan is luchd-cleachdaidh eile.

Tha leasachadh sgilean mar phàirt iomlan de na Slatan-tomhais gus taic a chur ri barrachd tuigse cho-roinnte. Tha tuigse do sgilean agus an ìre gu bheil iad a' leasachadh a' toirt comas do luchd-ionnsachaidh ceanglaichean a thogail eadar an ionnsachadh làithreach agus an roghainnean dreuchdail agus cosnaidh san àm ri teachd.

Tha slatan-tomhais a' tarraing còmhla agus a' grinneachadh raon fharsaing de stiùireadh measaidh a bh' ann roimhe (a' gabhail a-steach taobhan sònraichte de dh'ionnsachadh, de fhrèaman adhartais agus de dh'eisimpleirean le beachdan) mar aon phriomh stòras airson taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta thidsearan is luchd-cleachdaidh eile air adhartas chloinne agus dhaoine òga tarsainn gach raon den churraicealam.

Tha slatan-tomhais air an deilbh gus taic a chur ri conaltradh proifeiseanta mar phàirt den phròiseas cuimseachd, mar mheasadh air far a bheil clann agus daoine òga nan ionnsachadh. Cuidichidh iad le bhith a' cur taic ri modhan measaidh iomlanach tarsainn ionnsachadh. Cha bu chòir an comharrachadh dheth fa leth airson adhbharan measaidh.

Bu chòir slatan-tomhais airson litearrachd is àireamhachd an cleachdadh mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta thidsearan air coileanadh ìre. Ann an raointeán eile den churraicealam, tha Slatan-tomhais a' cur taic ri tidsearan agus luchd-cleachdaidh eile gu tuigse cho-roinnte a thaobh inbhean agus na h-ath cheumannan ann an ionnsachadh chloinne a chomharrachadh. Thig fianais air adhartas agus coileanadh bho mheasgachadh de stòran, a' gabhail a-steach:

- amharc air ionnsachadh bho latha gu latha sa chlasrum, seòmar-cluiche no àrainn-obrach;
- amharc agus ais-fhiorsachadh bho ghnìomhan ionnsachaidh a tha a' gabhail àite ann an àrainneachdan eile, mar eisimpleir air a' bhìl a-muigh, air greisean gnìomhachais;
- obair-cùrsa, a' gabhail a-steach dheuchainnean;
- còmhraighean ionnsachaidh; agus
- measadh iomlanach ùineach air a phlanadh.

Slatan-tomhais ann an raointean curraicealaim

Tha slatan-tomhais anns gach raon den churraicealam air an deilbh gu bhith sgiobalta agus ruigsinneach, le gu leòr de dh'fhiorsachadh mionaideach airson nan inbhean a chonaltradh gu soilleir, a thathar a' sùileachadh mu choinneamh gach ire den churraicealam.

Faodaidh tidsearan agus luchd-cleachdaidh eile tarraing air na Slatan-tomhais gus an t-eòlas, tuigse, sgilean airson ionnsachadh agus beatha is obair a mheasadh, a tha clann a' leasachadh anns gach raon den churraicealam.

Ann an àrd-sgoiltean, faodaidh Slatan-tomhais taic a chur ri tidsearan speisealach chuspairean ann a bhith a' dèanamh mheasaidhean làidir air adhartas luchd-ionnsachaidh agus na h-inbhean a tha iad a' coileanadh. Cuidichidh iad tidsearan gu bhith cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' dèanamh roghainnean iomchaidh agus gu bheil iad air an cur air adhart aig ire iomchaidh airson Teisteanasan Nàiseanta san ire as àirde. Cuidichidh seo le eallach-obrach a sheachnadh a tha tuilleadh 's a' chòir do thidsearan agus measaidhean neo-riatanach do luchd-ionnsachaidh. Mar eisimpleir, bu chòir do luchd-ionnsachaidh a bhith air Eòlasan agus Builean buntainneach na Ceathramh ire a choileanadh mus tòisich iad air teisteanasan Nàiseanta 5. Bu chòir do sgoiltean cunntas càramach a ghabhail air an seo nuair a thathar ag aontachadh roghainnean do ÀS4. Bu chòir Slatan-tomhais a chleachdadh airson cuideachadh leis na beachdachaidhean cudromach sin.

Litarrachd agus Àireamhachd

Ann an litarrachd agus àireamhachd, tha Slatan-tomhais a' cur taic ri breithneachadh proifeiseanta thidsearan a thaobh colleanadh ire. Bidh breithneachaidhean proifeiseanta thidsearan air an cruinneachadh agus air am foillseachadh aig irean nàiseanta, ionadail agus sgoile. Tha e cudromach gu bheil na breithneachaidhean sin làidir agus earbsach. Cha ghabh seo a choileanadh ach tro chuimseachd èifeachdach air planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh.

Tha coileanadh air ire stèidhichte air breithneachadh proifeiseanta thidsearan, air a dheagh fhiorsachadh tro raon fharsaing de fhianais. Bu chòir Slatan-tomhais a chleachdadh airson ath-sgrùdadh a dhèanamh air an raon de fhianais a chaidh a chruinneachadh gus a dhearbhadh gu bheil an inbhe a bhathar a' sùileachadh air a coileanadh, agus gu bheil an neach-ionnsachaidh air:

- **leud** ionnsachaidh a choileanadh tarsainn an eòlais, an tuigse agus na sgilean mar a tha iad air am mìneachadh ann an Eòlasan agus Builean don ire;
- dèiligeadh cunbalach math leis an ire de **dhùbhlàn** a tha air a mhìneachadh ann an Eòlasan agus Builean don ire, agus air gluasad air adhart gu ionnsachadh aig an ath ire ann an cuid de thaobhan; agus
- air **gnìomhachadh** a thaisbeanadh anns na tha iad air ionnsachadh ann an suidheachaidhean ùra agus neo-aithnichte.

Chan eil e riatanach do luchd-ionnsachaidh maighstireachd a thaisbeanadh air gach taobh fa leth de dh'ionnsachadh taobh a-staigh Slatan-tomhais aig ire shònraichte mus gluais iad air adhart chun na h-ath ire. Ach, tha e cudromach nach eil bearnan mòra sam bith ann an ionnsachadh chloinne is dhaoine òga nuair a thathar a' coimhead tarsainn nam prìomh eagraighearan anns gach raon den churraicealam.

Planadh ionnsachadh, teagasg agus measadh a' cleachdadh nan Slatan-tomhais

A thuilleadh air [Aithris do Luchd-cleachdaidh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais \(CfE\)](#) bho Àrd-Sgrùdaire Foghlaim na Banrigh, An Lùnastal 2016, mu adhbhar agus cleachdadh Shlatan-tomhais, bu choir do thidsearan agus luchd-cleachdaidh eile a' chomhairle a leanas a thoirt fa-near.

PRÌOMH THEACHDAIREACHDAN – DÈ NÌTHEAR	PRÌOMH THEACHDAIREACHDAN – DÈ NACH DÈANAR
<ul style="list-style-type: none"> Slatan-tomhais littearrachd agus àireamhachd a chleachdad gus cuideachadh le sùil a chumail air adhartas a dh'ionnsaigh coileanadh ìre, agus taic a chur ri breithneachadh proifeiseanta iomlan air an uair a tha an neach-ionnsachaidh air ìre a choileanadh. 	<ul style="list-style-type: none"> Seachain fòcas neo-riatanach air Slatan-tomhais fa leth a dh'haodadh toradh ann an cus measaидh no cus clàraighe air adhartas chloinne.
<ul style="list-style-type: none"> Fàs eòlach air Slatan-tomhais raointean eile den churraicealam rè ùine. 	<ul style="list-style-type: none"> Seachain an riatanas a bhith a' tional tuilleadh 's a' choir de dh'fhanais airson coileanadh luchd-ionnsachaidh a mheasadh.
<ul style="list-style-type: none"> Slatan-tomhais a chleachdad gus cuideachadh le dearbhadh a bheil luchd-ionnsachaidh a' dèanamh adhartas freagarrach a dh'ionnsaigh nan slatan-tomhais nàiseanta a thathar a' sùileachadh, agus am fianais a chleachdad airson nan ath cheumannan dùblanach ann an ionnsachadh, a phlanadh. 	<ul style="list-style-type: none"> Chan eil adhbhar air breithneachaidhean a dhèanamh air ìrean curraicealaim anns na raointean uile den churraicealam – cum ri littearrachd agus àireamhachd.
<ul style="list-style-type: none"> Slatan-tomhais a dheasbad taobh a-staigh agus tarsainn sgoiltean gus tuigse cho-roinnte a ruighinn de na h-inbhean nàiseanta a thathar a' sùileachadh tarsainn raointean a' churraicealaim. 	<ul style="list-style-type: none"> Na cruthaich dòighean-obrach mi-choltach no mionaideach le sgrùdadh agus tracadh.
	<ul style="list-style-type: none"> Na bi a' measadh Shlatan-tomhais fa leth. Planaig measadh ùineach is iomlanach air ionnsachadh chloinne is dhaoine òga.
	<ul style="list-style-type: none"> Na comharrach dheth Slatan-tomhais fa leth.

Nuadh-chànanan Ciad ìre

Eagraicearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
Ag èisteachd airson fiosrachadh	<p>Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh</p> <p>Tha mi a' rannsachadh phàtrain agus fhuaimean càinain tro òrain agus rannan agus a' taisbeanadh tuigse gu labhairteach agus gu neo-labhairteach.</p> <p style="text-align: right; color: red;">MLAN 1-01a</p> <p>Tha mi ag ionnsachadh pàirt gniomhach a ghabhail ann an gnàth-chùrsaichean làitheil, a' freagairt do stiùridhean simplidh anns a bheil gluasadan-bodhaig agus faireachdann.</p> <p style="text-align: right; color: red;">MLAN 1-01b</p> <p>Is urrainn dhomh èisteachd ri agus tuigse do chànan a nochdad bho ghuthan agus stòran aithnichte.</p> <p style="text-align: right; color: red;">MLAN 1-01c</p>	<p>Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh</p> <ul style="list-style-type: none"> • Com-pàirteachadh gu gniomhach ann an òrain, rannan agus dàin sa chànan amasach. • Comharrachadh cuid de fhacail comhardach. • Ag ath-ghairm fhacail/abairtean 'a dhith' air an taghadh ann an òrain, rannan no dàin a tha air an deagh chleachdadh agus le taic, mar eisimpleir, bho dheilbh agus/no pupaidean. • Taisbeanadh tuigse do stiùridhean simplidh sa chlasrum, mar eisimpleir, tro għluasad corporra, pongachadh, gluasad-bodhaig, samhlaidhean no freagairt sa chànan amasach. • Taisbeanadh tuigse do fhacail agus abairtean simplidh aithnichte sa bheil fiosrachadh pearsanta sa mhòr-chuid.
Èisteachd agus Labhairt	<p>Èisteachd agus labhairt ri càch</p> <p>Tha mi a' tòiseachadh air prìomh fhiorsrachadh a chomharrachadh bho chòmhradh goirid ro-innseil agus a' freagairt le facail agus gluasadan-bodhaig.</p> <p style="text-align: right; color: red;">MLAN 1-02a</p> <p>Tha mi a' tòiseachadh a' roinn fiosrachadh mum dheidhinn fhìn a' cleachdad structaran bunasach càinain agus briathrachais.</p> <p style="text-align: right; color: red;">MLAN 1-02b</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Freagairt cheistean simplidh ann an dòigh iomchaidh mu an deidhinn fhèin, a' cleachdad sheantansan simplidh, facail agus gluasadan-bodhaig, mar eisimpleir, gnogadh-cinn agus/no pongachadh. • Roinn fiosrachadh simplidh pearsanta a thaobh chuspairean aithnichte mu an deidhinn fhèin, mar eisimpleir, le innse dè as toil agus nach toil. • Cleachdad beagan bhuadhairean simplidh leithid iadsan co-cheangailte ri meud no dath agus a' feuchainn ri ceangladairean a chleachdad, mar eisimpleir, <i>agus, le</i>. • Ag èisteachd ri agus a' freagairt chàich aig an àm iomchaidh le bhith a' freagairt agus a' faighneachd cheistean simplidh sa chànan amasach. • Cleachdadh cuid de theorimean sòisealta modhail gus toiseach is crìoch a chur air eadar-chonalaidhean.

Eisteachd agus Labhairt	<p>Le taic, tha mi a' fàs gu bhith nam neach-èisteachd gnìomhach agus is urrainn dhomh ceistean simplidh a thuigsinn, fhaighneachd agus a fhreagairt airson fiosrachadh a roinn.</p> <p style="color: red; font-weight: bold;">MLAN 1-03</p> <p>Is toil leam a bhith ag èisteachd ri sgeulachdan, òrain, rannan agus dàin sa chànan a tha mi ag ionnsachadh agus tha mi ag ionnsachadh le bhith a' gabail compàirt agus a' freagairt gus mo thugse a nochdadadh.</p> <p style="color: red; font-weight: bold;">MLAN 1-05a</p> <p>Is urrainn dhomh com-pàirteachadh ann an raon de ghnìomhan co-obrachail.</p> <p style="color: red; font-weight: bold;">MLAN 1-05b</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Toirt freagairt phearsanta do sgeulachdan, òrain, rannan agus dàin sa chànan amasach. • Comasach air prìomh fhacail agus abairtean simplidh eadar-theangachadh bhon chànan amasach do an cànan fhèin. • Taisbeanadh tuigse do dh'òrain, rannan, dàin agus geamannan sa chànan amasach tro ghniomhan iomchaidh, gluasadan-bodhaig agus mìm. • Co-obrachadh le càch ann an raon de ghnìomhan, mar eisimpleir, riochdan-gabail goirid, còmhraidhean beòthail/clàraichte, geamannan agus gnìomhaidhean.
	<p>Eagrachadh agus cleachdadadh fiosrachadh</p> <p>Tro mheasgachadh de mheadhanan, tha mi a' leasachadh mothachadh do thaobhan sòisealta, cultarach agus cruinn-eòlasach àiteachan ann an dùthaich far a bheil an cànan a tha mi ag ionnsachadh ga labhairt.</p> <p style="color: red; font-weight: bold;">MLAN 1-06</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Comharrachadh làrach na dùthcha agus cuid de na feartan cruinn-eòlasach, mar eisimpleir, am prìomh bhaile-mòr, comharran-tìre cudromach, a' bhratach/na brataichean nàiseanta. • Taisbeanadh tuigse do dh'iomraighean cultarach bunasach mu dhùthaich/dùthchannan far a bheil an cànan amasach air a labhairt. Dh'faodadh seo a bhith a' gabail a-steach, mar eisimpleir, iomraighean air biadh no subhachasan nàiseanta. • Comharrachadh cuid de ionannachdan agus diofaran eadar Alba agus an dùthaich/dùthchannan far a bheil an cànan amasach air a labhairt, mar eisimpleir, an latha sgoile, a' ghnàth-shìde no diofar ruithean-airgid.
	<p>Cleachdadadh eòlas mu chànan</p> <p>Tha mi a' tòiseachadh a rannsachadh ionannachdan agus diofaran eadar phàtrain fuaimé ann an diofar chànanan tro chluich, rannan, òrain agus deasbad.</p> <p style="color: red; font-weight: bold;">MLAN 1-07a</p> <p>Is urrainn dhomh m' eòlas mu chànan agus</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Comharrachadh fhuaimean, litrichean agus pàtrain airson facail a leughadh a tha ann an rannan, òrain agus/no teacsaichean goirid aithnichte. • Cleachdadadh fhacail a tha coltach ri facail sa Bheurla gus taic a chur ri tuigse do fhacail neo-aithnichte. • Aithneachadh fhacail aithnichte ann an diofar cho-theacsaichean, mar eisimpleir, sgeulachdan goirid, geamannan agus rannan fior-aithnichte.

		<p>fuaimneachadh a chleachdad gus a dhèanamh cinnteach gu bheil càch gam thuigsinn nuair a labhras mi facail agus abairtean aithnichte.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 1-07b</p>	<ul style="list-style-type: none"> Fuaimneachadh fhacail gu soilleir mar thaic do chonaltradh, mar eisimpleir, nuair a tha iad a' labhairt mun deidhinn fhèin, toirt seachad mion-fhiosrachadh leithid ainn, teaghlaich, peataichean, dathan/biadhan/beathaichean as fheàrr leotha.
Leughadh	Lorg agus cleachdad eòlas air cànan	<p>Is urrainn dhomh leubailean agus clò àrainneachdail aithneachadh. Tha mi a' tòiseachadh ag eagrachadh ìomhaighean agus teacsa. Le taic, is urrainn dhomh ìomhaighean agus teacsa a chur an òrdugh gus mo thugse a thaisbeanadh.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 1-08a</p> <p>Is urrainn dhomh obrachadh leam fhìn no le càch gus mo thugse a thaisbeanadh do fhacail agus abairtean sa bheil cànan aithnichte.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 1-08b</p>	<ul style="list-style-type: none"> Ath-thogail teacsa/sgeulachd aithnichte ann an òrdugh thugseach, a' cleachdad, mar eisimpleir, facail, deilbh, leubailean, pupaidean no propaichean simplidh gus tuigse a nochdad do theacsa sgrìobhte anns a' chànan amasach. Maidseadh ìomhaighean le facial/teacsa iomchaidh sa chànan amasach. Sealltainn tuigse do dh'àireamh a tha a' sior fhàs de dh'abairtean, priomh fhacail cuspair agus facail de chudromachd phearsanta, leotha fhèin no ann an teacsa.
	Leughadh airson ùidh ann an cultaran eile	<p>Tha mi a' tòiseachadh ag aithneachadh ionannachdan agus diofaran eadar Alba agus dùthaich far a bheil an cànan a tha mi ag ionnsachadh ga labhairt, a' cleachdadh diofar theacsaineachan simplidh, cuimhneachain lèirsinneach agus meadhanan.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 1-09a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Comharrachadh cuid de phriomh dhiofaran cultarach eadar Alba agus an dùthaich/dùthchannan far a bheil an cànan ga labhairt, tro theacsaineachan lèirsinneach le briathrachas simplidh, mar eisimpleir, cliopan bhidio no teacsaineachan le taic bho dheilbh.
	Leughadh airson ùidh agus tlachd	<p>Tha mi air eòlas a chur air measgachadh de theacsaineachan simplidh, a dh'haodadh a bhith air an atharrachadh do luchd-ionnsachaidh òg.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 1-10a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Taisbeanadh tuigse do theacsaineachan simplidh sa chànan amasach tro, mar eisimpleir, ath-innse air cuid de mhion-fhiosrachadh ann am Beurla, taghadh agus cur ìomhaighean iomchaidh an òrdugh, maidseadh ghnìomhan no labhairt mu na páirtean a b' fheàrr leotha.

	Cleachdad eòlas air cànan	<p>Tha mi air tòiseachadh a' cleachdad bancaichean-fhacail le deilbh, cuimhneachain dealbhach, faclarean le deilbh agus taisbeanaidhean, mar thaic do mo thugse do theacsainean simplidh.</p> <p style="color: red;">MLAN 1-11a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachdad measgachadh de stòrasan aithnichte mar thaic do an tuigse do theacsainean simplidh.
--	--	---	---

Sgriobhadh	Eagrachadh agus cleachdad fiosrachadh	<p>Le taic, tha mi air tòiseachadh ri sgriobhadh fheuchainn a-mach sa chànan a tha mi ag ionnsachadh.</p> <p style="color: red;">MLAN 1-13</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cruthachadh theacsainean simplidh ùra stèidhichte mu thimcheall nam facal agus abairtean a chaidh a chleachdad ann an gnìomhan còmhraíd, eisteachd agus leughaidh, a' cleachdad stuthan taic, mar eisimpleir, bancaichean fhacail, faclarean dealbhach, agus/no frèaman sgriobhaidh. • Nochdadh cuid de mhothachadh do phuingeachadh agus blasan-cainnt agus a' feuchainn rin cleachdad ann an sgriobhadh sa chànan amasach. • Sgriobhadh abairtean simplidh, leubailean sa chànan amasach air nithean sa chlasrum agus timcheall na sgoile, gus fiosrachadh pearsanta a libhrigeadh.
-------------------	--	--	---

Nuadh-chànanan Dàrna ìre

	Eagraichearan Curraicealaim	Èolasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd- cleachdaidh
Èisteachd agus Labhairt	Èisteachd airson fiosrachadh	<p>Tha mi a' cur èolas air pátrain agus fuaimean càinair tro òrain agus rannan agus a' sealltainn tuigse agus tlachd le bhith ag èisteachd, a' gabhail páirt agus a' freagairt.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-01a</p> <p>Tha mi a' gabhail páirt ann an gnìomhan làitheil sa chlas, a' tuigsinn stiùiridhean le taic bho għluasad-bodhaig agus dòigh-labhairt.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-01b</p> <p>'S urrainn dhomh èisteachd ri, agus sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn stiùireadh agus cànan bho ghuthan agus għo-reasan air a bheil mi eòlach.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-01c</p>	<ul style="list-style-type: none"> Com-pàirteachadh gu gnìomhach ann an òrain, rannan agus dàin sa chànan amasach. Taisbeanadh tuigse do dh'òrain agus rannan, mar eisimpleir, tro ath-innse, gluasadan-bodhaig freagarrach agus mìm. Comharrachadh fhacail le comhardadh. Ro-innse fhacail 'a dhith' bho òrain, rannan agus dàin aithnichte. Ath-ghairm agus comasach air páirtean de dh'òrain agus rannan aithnichte ath-aithris, uaireannan le taic, mar eisimpleir, bho dheilbh no gluasadan-bodhaig. Taisbeanadh tuigse do raon de stiùiridhean clasruim, mar eisimpleir, tro għluasad corporra, coileanadh gnìomhan-obrach no freagairt sa chànan amasach. Taisbeanadh tuigse do fhacail agus abairtean aithnichte ann an seantanasan/abairtean a tha a' sìor fhàs iomlan, agus a' libhrigeadh fiosrachadh mu cho-theacsain aithnichte, mar eisimpleir, fèin, dachaigh, teaghlaigh, sgoil.
	Èisteachd agus labhairt le càch	<p>Tha mi a' rannsachadh mar a tha gluasad-bodhaig, dòigh-labhairt agus cuideam gan cleachdadhus għiex cuideachadh le tuigse. 'S urrainn dhomh èisteachd ri, agus freagairt a thoirt do ghuthan ann an còmhradh goirid a tha a' leantainn pátran àbhaisteach, a' cleachdadhus cànan furasta agus dòighean neo-labhairteach mar a tha iomchaidh leithid gluasad-bodhaig agus glacadh-sùla.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-02a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Freagairt cheistean ann an dòigh iomchaidh mu a d(h)eidhinn fhèin a' cleachdadhus sheantansan, abairtean, facail agus gluasadan-bodhaig leithid gnogadħ-cinn agus/no puingeachadh. Cur dhòighean neo-labhairteach an sàs ann an conaltradh le càch, mar eisimpleir, glacadh-sùla, coltasan aodainn agus/no cànan bodhaig. Roinn fiosrachadh pearsanta mu chuspairean aithnichte leithid innse dè as toil agus nach toil le misneachd agus mionaideachd a tha a' sìor fhàs. Labhairt barrachd is barrachd ann an seantansan nas iomlaine, a' cleachdadhus cheangladairean bunasach mar 'agus, ach, le, oir'. Cleachdadhus àireamh de bhudhairean aithnichte mar iadsan co-

			<p>Nuir a bhios mi ag èisteachd is a' labhairt ri daoine eile, tha mi a' tuigsinn cuin as còir dhomh èisteachd agus cuin as còir dhomh labhairt. Tha mi ag ionnsachadh fhacail ùra a bhios mi a' cleachdadhe airson fiosrachadh a thoirt seachad mum dheidhinn fhìn agus mu dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-03a</p> <p>'S urrainn dhomh pàrt a ghabhail ann an còmhraidhean air an ullachadh ro-làimh, le bhith ag innse fiosrachadh mum dheidhinn fhìn, mu dhaoine eile no mu rudan anns a bheil ùidh agam, a' cleachdadhe fhacail air a bheil mi eòlach agus structaran cànan bunasach.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-03b</p> <p>'S urrainn dhomh cuideachadh iarraidh le misneachd, a' cleachdadhe abairtean a dh'ionnsaich mi agus cànan air a bheil mi eòlach.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-04a</p> <p>Bidh mi a' feuchainn òrain agus rannan sìmplidh agus is toigh leam a bhith ag ionnsachadh còmhla ri daoine fhad 's a tha sinn a' bruidhinn is ag èisteachd còmhla.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-05a</p>	<p>cheangailte ri bhith a' dèanamh iomradh air fhèin agus càch.</p> <ul style="list-style-type: none"> Èisteachd agus freagairt chàich aig an àm iomchaidh le bhith a' freagairt agus a' faighneachd cheistean sìmplidh, a' cur an cèill cànan a chaidh a chleachdadhe roimhe. Cleachdadhe theirmean sòisealta modhail airson eadar-chonaltraidhean a thòiseachadh agus a chriochnachadh. Labhairt, mar eisimpleir, mu d(h)eidhinn fhèin agus càch le raon de bhriathrachas a tha a' sior fhàs. Èisteachd, gabhail thursan agus cur ann an dòigh iomchaidh ri conaltradhe le càch ann an còmhraidhean agus riochdan-gabhall a tha a' sior fhàs seasmhach, ged is ann a' cleachdadhe structaran cànan sìmplidh agus aithnichte. Freagairt ann an dòigh iomchaidh do bheachdan chàich, le bhith faighneachd agus freagairt cheistean sa chànan amasach mu chuspairean aithnichte, mar eisimpleir, mu nithean as toil/nach toil a thaobh biadh is deoch, spòrs, cuspairean sgoile, a' choimhearsnachd ionadail. Comasach air còmhraidhean a thòiseachadh agus a chriochnachadh ann an dòigh iomchaidh. Sa chànan amasach, ag iarraidh air càch mar eisimpleir, 'ath-aithris' no 'gabhall air an socair'. Taisbeanadh tuigse do dh'òrain agus rannan sa chànan amasach, tro ath-aithris iomchaidh air prìomh fhacail no earrannan, gnìomhan, gluasadhan-bodhaig agus mìm. Cleachdadhe thuairmsean co-theacsail gus brìgh briathrachais ùir sam bith a cho-dhùnadhe. Co-nbrachadh le càch gus measgachadh de gheamannan a chluich sa chànan amasach leithid greamannan raon-cluiche, greamannan bùird agus cairt ann an cruthan didseatach agus traidsanta. Com-pàirteachadh ann an gnìomhan còmhradh càraig agus riochdan-gabhall le taic, mar eisimpleir, bho dheilbh agus shamhlaidhean.
--	--	--	---	---

Eisteachd agus Labhairt		<p>'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail còmhla ri daoine ann an gnìomhan air a bheil mi eòlach, mar gheamannan, còmhradh càraig agus dealbhan-cluiche beaga.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-05b</p>	<ul style="list-style-type: none"> Co-obrachadh le gnìomhan labhairt sa chànan amasach, a' toirt seachad fiosrachadh pearsanta agus fiosrachadh mu chàch. Cumail chòmhraidhean a' dol fada gu leòr airson tuigse a thaisbeanadh do chleachdadhe air structaran bunasach agus briathrachas aithnichte ann an diofar cho-theacsaichean.
	Eagrachadh agus cleachdadhe fiosrachadh	<p>'S urrainn dhomh taisbeanadh goirid a thoirt seachad mu chuspair air a bheil mi eòlach, a' cleachdadhe cànan agus abairtean air a bheil mi eòlach.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-06a</p> <p>Dh'obraich mi còmhla ri daoine eile, a' cleachdadhe diofar mheadhanan mar ICT mar as iomchaidh, agus 's urrainn dhomh cur gu soirbheachail ri taisbeanadh ann am Beurla, le taic bhon chànan a tha mi ag ionnsachadh, mu chuspair a' buntainn ris an dùthchaich far a bheil an cànan a tha mi ag ionnsachadh ga labhairt.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-06b</p>	<ul style="list-style-type: none"> Sealltainn taisbeanadh goirid airson taic air cuspair sa bheil ùidh aige/aice do bhuidheann no do chlas sa chànan amasach, mar eisimpleir, deilbh, power point, podcast no clàradh bhidio. Cumail thaisbeanaidhean a' dol fada gu leòr airson mionaideachd a nochdadh ann am fuaimneachadh agus dòigh-labhairt a tha iomchaidh don ire. Ag obair còmhla ri càch airson tuigse a thaisbeanadh do thaobhan cultarach na dùthcha/nan dùthchannan far a bheil an cànan amasach air a labhairt, tro thaisbeanadh no cuspair de a roghainn fhèin. Comasach air ionannachdan agus diofaran a chomharrachadh eadar Alba agus an dùthaich/na dùthchannan far a bheil an cànan amasach air a labhairt, leithid diofaran ann an siostaman sgoile, biadhan, mar a tha fèillean gan comharrachadh.
		<p>'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh agus ceanglaichean a rannsachadh eadar pátrairn fuaim ann an diofar chànanan tro chluich, deasbad agus deuchainn.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-07a</p> <p>'S urrainn dhomh m' eòlas air cànan agus fuaimneachadh a chleachdadhe airson dèanamh cinnteach gun tuig daoine eile mi nuair a bhios mi a' leughadh a-mach no ag ràdh fhacail, abairtean agus theacsaichean goirid air a bheil mi eòlach.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-07b</p>	<ul style="list-style-type: none"> Cur eòlas air fuaimmean/fonaigs sa chànan amasach gus taic a chur ri fuaimneachadh agus tuigse do fhacail, fuaimmean, litrichean agus pátrairn airson facail aithnichte ann an teacsaichean a leughadh, agus a' dèanamh oidhrip air facail agus abairtean neo-aithnichte a leughadh le misneachd agus mionaideachd. Cleachdadhe fhacail a tha ionann ann an diofar chànanan agus tuairmsean co-theacsail mar thaic do thugse air facail neo-aithnichte. Ag aithneachadh fhacail aithnichte ann an diofar cho-theacsaichean, mar eisimpleir, ann an sgeulachdan goirid, geamannan agus rannan. Fuaimneachadh fhacail aithnichte gu soilleir mar thaic do chonaltradh. Cur an sàs eòlas air fonaigs agus riaghailtean fuaimneachaidh a' chànan amasaich gus facail neo-aithnichte fhuaimneachadh le

			misneachd agus mionaideachd a tha a' sìor fhàs. Cur faireachdainn ris airson tuigse a nochdadòh ann an leughadh theacsainchean aithnichte.
Leughadh	Lorg agus cleachdadòh fiosrachadh	<p>Tha mi ag obair leam fhìn agus còmhla ri càch airson teacsa a thuigsinn, a' cleachdadòh stòrasan iomchaidh, a' taisbeanadh mo thuigse le bhith a' maidseadh fhacail agus dhealbhan agus le bhith a' cur an teacsa air ais ri chèile ann an òrdugh rianail, mar eisimpleir.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-08a</p> <p>'S urrainn dhomh leughadh agus sealltann gu bheil mi a' tuigsinn fhacail, shoidhnichean, abairtean agus theacsainchean simplidh anns a bheil cànan air a bheil mi eòlach gu ire mhòr.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-08</p>	<ul style="list-style-type: none"> Maidseadh iomhaighean ri teacsa fhreagarrach sa chànan amasach. Cleachdadòh thuairmsean co-theacsa airson brìgh theacsainchean a leughadh agus a thuigsinn sa chànan amasach anns a bheil facail neo-aithnichte. Sreathadh dheilbh/leubailean gus prìomh thachartasan a chur an òrdugh ann an teacsa sgriobhte sa chànan amasach. Dèanamh geàrr-iomradh air an teacsa ann am Beurla. Sealltann tuigse do dh'aireamh a tha a' fàs de fhacail chumanta/tric, leithid prìomh fhacail agus abairtean ann an cuspair, air am faicinn fa leth no ann an teacsa. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach cànan a chaidh a chleachdadòh ann an toirt iomradh air càch no gnìomhan ùine shaor. Dh'fhaodadh e cuideachd a bhith a' gabhail a-steach briathrachas co-cheangailte ri tàeman eadar-chuspaireil far a bheil cothroman air a' chànan amasach a thuigsinn no a chleachdadòh, mar phàirt iomlan de na gnìomhan a tha na lùib.
	Leughadh gus luach a chur air cultaran eile	<p>Tha mi ag obair leam fhìn agus còmhla ri daoine eile airson teacsainchean simplidh sa chànan a tha mi ag ionnsachadh a leughadh agus a dheasbad. 'S urrainn dhomh fiosrachadh simplidh a thoirt do dhaoine eile mu dhòigh-beatha nan dùthchannan far a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Taisbeanadh tuigse do raon de theacsainchean simplidh a tha iomchaidh don ire, a' gabhail a-steach deilbh, mapaichean, buill-ealain agus obair-ealain sa chànan amasach le, mar eisimpleir, mìneachadh air brìgh an teacsa sa Bheurla do chàch, a' notachadh pìosan fiosrachaidh bhon teacsa Bheurla no freagairt cuid de cheistean ann am Beurla mu na teacsainchean a tha iad air a leughadh.

		bheil an cànan a tha mi ag ionnsachadh ga labhairt. MLAN 2-09a	Comharrachadh dhiofaran agus ionannachdan cultarach eadar Alba agus an dùthaich/na dùthchannan leis a' chànan amasach.
	Leughadh airson ùidh agus tlachd	'S urrainn dhomh measgachadh de theacsaichean de dhiofar sheòrsaichean a thaghadh agus a leughadh gun stri, leam fhìn agus còmhla ri càch, nam measg neo-fhicsean, cunntasan goirid mac-meanmnach agus rosg is bàrdachd, a dh'haodadh a bhith air an atharrachadh. MLAN 2-10a	<ul style="list-style-type: none"> • Taisbeanadh tuigse do theacsaichean ann an co-theacsaichean aithnichte agus neo-aithnichte a tha sgriobhte sa mhòr-chuid san tràth làthaireach agus a' tighinn bho raon de ghnèithean. • Cur an cèill bheachdan ann am Beurla mu theacsaichean a tha iad air a leughadh anns a' chànan amasach.

	Cleachdad eòlas air cànan	<p>Tha mi a' tuigsinn mar a tha faclair dà-chànanach ag obair agus 's urrainn dhomh a cleachdad le taic.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-11a</p> <p>'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh agus ceanglaichean a rannsachadh eadar pátrain litreachaidh ann am Beurla agus anns a' cànan a tha mi ag ionnsachadh.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-11b</p> <p>Tha mi a' feuchainn a-mach cànan ùr, ag obrachadh a-mach brigh fhacail agus abairtean, a' cleachdad briathrachas a tha mi air ionnsachadh gu ruige seo.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-11c</p> <p>'S urrainn dhomh feartan eile nam cànan fhìn aithneachadh agus bruidhinn orra, ann an dùigh a chuidicheas le ciall a dhèanamh de fhacail sa cànan a tha mi ag ionnsachadh.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-11d</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachdad faclair dà-chànanach mar thaic do thugse air briathrachas neo-aithnichte sa cànan amasach agus facail is abairtean a tha iad air a sgrìobhadh sa cànan amasach, a thar-sgrùedad. Comasach air ionannachdan agus diofaran a mhìneachadh eadar cleachdad air faclair aon-chànanach agus dà-chànanach. • Comharrachadh fhacail sa cànan amasach a tha ionann ann an diofar chànanan airson taic a chur ri tuigse do fhacail neo-aithnichte. • Cur an sàs eòlas air òrdugh an aibideil airson facail a lorg ann am faclair no stòr fiosrachaidh eile, gus cuideachadh le facail a tha duilich no neo-aithnichte a litreachadh. • Cur an sàs tuigse do na diofar fhuaimean dèante le litrichean agus coimeasgadh de litrichean sa cànan amasach. • Di-chòdad briathrachas agus structaran neo-aithnichte, a' cleachdad eòlas air pátrain litreachaidh sa cànan amasach agus tro aithneachadh air facail ionann ann am Beurla. • Comharrachadh mhìrean-cainnte leithid ainmearan, buadhairean, co-ghníomhairean agus gniomhairean an dèidh deasbad ann am Beurla. • Cur an eòlais seo air structaran gramataigeach an sàs mar as iomchaidh aig àm leughaidh sa cànan amasach, mar thaic do thugse.
--	--------------------------------------	--	--

	Eagrachadh agus cleachdadhs fiosrachadh	<p>Tha mi a' cleachdadhs taic dhaoine eile agus stuthan-taic iomchaidh dem roghainn fhìn gus mo chuideachadh a' planadh mo sgriobhaidh ann an dòighean a bhios tarraingeach don leughadair, a' cleachdadhs ICT nuair a tha sin iomchaidh.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-12a</p> <p>Tha cothroman agam mi fhìn a chur an cèill ann an sgriobhadh, a' rannsachadh agus feuchainn a-mach fhacail agus abairtean agus a' cleachdadhs stòrasan airson a dhèanamh cinnteach gu bheil mo sgriobhadh a' dèanamh ciail.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-13a</p> <p>'S urrainn dhomh cànan air a bheil mi eòlach a chleachdadhs airson cunntas a thoirt orm fhìn, agus airson fiosrachadh sìmplidh a thoirt seachad.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-13b</p> <p>Chleachd mi m' eòlas mu cànan agus slatan-tomhais soirbheachaidh airson mo chuideachadh, agus 's urrainn dhomh dèanamh cinnteach gu bheil mi air facail agus abairtean aithnichte a sgriobhadh gun mhearrachd.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 2-14a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Ag obrachadh còmhla ri càch airson obair sgriobhete a phlanadh agus a sgrùdadhs. • Cleachdadhs taic leithid faclair dà-chànanach, bancaichean fhacail, gnìomhan a thaobh lionadh bheàrnach no frèaman sgriobhaidh gus teacsas sgriobhete a thoirt gu buil sa cànan amasach. • Cleachdadhs ICT mar as iomchaidh airson facail a sgrùdadhs agus teacsas sgriobhete a thoirt gu buil ann an diofar chruthan. • Le taic bho stuthan fiosrachaide, toirt obair sgriobhete gu buil sa cànan amasach a tha sa mhòr-chuid ceart a thaobh gràmar bunasach leithid cleachdadhs air gniomhairean, buadhairean agus òrdugh fhacail. • Sgriobhadh airson measgachadh de dh'adhbharan agus luchd-amais. • Toirt obair sgriobhete gu buil sa cànan amasach a tha ceart sa mhòr-chuid a thaobh: <ul style="list-style-type: none"> - Puingeachadh - Litreachadh - Blasan-cainnt.
--	--	--	---

Nuadh-chànanan Treas Ìre

Eagraicheadan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
Èisteachd agus labhairt	<p>Èisteachd airson fiosrachadh</p> <p>'S urrainn dhomh èisteachd ri, agus sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn, cànan agus stiùiridhean air a bheil mi eòlach gu ire mhòr agus a tha a' tighinn o dhiofar ghoireasan no dhaoine, far a bheil na seantansan nas fhaide agus far am faod barrachd air aon neach a bhith a' bruidhinn.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-01a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Taisbeanadh tuigse do fhiorsachadh labhairte bho mheasgachadh de stòran a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, TBh agus/no cliopan film anns a' chànan amasach, air a chur an cèill sa mhòr-chuid ann am facail agus abairtean aithnichte. Cleachdadh thuairmsean co-theacsail gus brìgh briathrachais agus abairtean neo-aithnichte, eadar-mhíneachadh.
	<p>Èisteachd agus labhairt le càch</p> <p>'S urrainn dhomh èisteachd ri daoine is am freagairt ann an còmhraighean a tha gu ire mhòr a' leantainn pàtrán a tha àbhaisteach ach a tha nas fhaide, a' cleachdadh cànan air a bheil mi eòlach agus dòighean neo-labhairteach, mar a bhios iomchaidh.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-02a</p> <p>'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an còmhraighean air an ullachadh ro-làimh, le bhith a' cleachdadh measgachadh de structaran cànan airson fiosrachadh, eòlasan agus beachdan a chur an cèill, agus 's urrainn dhomh adhbharan simplidh a thoirt airson nam beachdan sin.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-03a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Èisteachd, gabhail thursan agus cur aig an àm iomchaidh ri conaltradh le càch ann an còmhraighean a tha a' sior fhàs nas fhaide, air an ullachadh ro-làimh sa mhòr-chuid. Taisbeanadh tuigse do chànan air a cleachdadh leis an eadar-labhrair tro fhreagairtean iomchaidh a tha a' sior fhàs fèin-thoileil. Roinn fiosrachadh mu chuspairean aithnichte ann an còmhraighean nas fhaide, le fileantachd reusanta. Dèiligeadh le cànan bhon eadar-labhrair nach eil ro-innseil. Cleachdadh seantansan nas iomlaine. Cur dòighean neo-labhairteach an sàs leithid glacadh-sùla, coltsasan aodainn agus cànan bodhaig, mar thaic do chòmhradh. Cumail suas chòmhraighean san dòigh iomchaidh gus tuigse do na structaran bunasach agus briathrachas aithnichte, a thaisbeanadh. Cleachdadh ghnìomhairean, buadhairean, ceangladairean agus òrdugh fhacail sa mhòr-chuid gun mhearrachd. Toirt adhbharan airson beachdan air an co-roinneadh

Eisteachd agus labhairt	<p>Eisteachd agus labhairt</p>	<p>'S urrainn dhomh còmhradh a chumail a' dol le bhith ag iarraidh cuideachadh, ag iarraidh air daoine rud a ràdh a-rithist agus a' faighneachd cheistean simplidh.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-04a</p>	<p>taobh a-staigh chòmhraidhean.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Cleachdadh theorimean sòisealta modhail airson eadar-chonaltraidhean a thòiseachadh agus a chrìochnachadh. • Ag iarraidh air càch sa chànan amasach, mar eisimpleir, 'ath-aithris', 'gabhair air an socair', agus 'labhairt nas soilleire'. • Comasach air innse don eadar-labhrair mura h-eil e/i a' tuigsinn. • Ag obair còmhla ri càch, mar eisimpleir, airson briathrachas ùr, structaran no gràmar a chleachdadh ann am measgachadh de gheamannan sa chànan amasach, ann an cruthan didseatach agus traidiseanta, ann an eacarsaichean còmhraidiùch càraid agus ann an riochdan-gabhair. • Com-pàirteachadh ann an gniomhan càraid agus buidhne, le ìrean taic a' sìor lùghdachadh. • Co-obrachadh ann an còmhraidhean agus gniomhan riochd-ghabhair de fhaid iomchaidh, gus tuigse do structaran bunasach agus briathrachas aithnichte a thaisbeanadh ann an diofar cho-theacsainchean.
	<p>Eagrachadh agus cleachdadh fiosrachadh</p>	<p>'S urrainn dhomh pàirt a ghabhair ann an raon de ghniomhan còmhla ri daoine eile, leithid geomannan, còmhradh càraid agus dealbhan-cluiche simplidh ann an raon de cho-theacsainchean fior air an suidheachadh sa mhòr-chuid ann an dùthaich far a bheil an cànan a tha mi ag ionnsachadh air a bhruidhinn.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-05a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Gniomhadh gu co-obrachail airson òraid a phlanadh agus a cho-libhrigeadh sa chànan amasach. Cumail suas còmhradh fada gu leòr airson mionaideachd a thaisbeanadh ann am briathrachas aithnichte agus gràmar a thuilleadh air fuaimneachadh agus dòigh-labhairt. • Taisbeanadh conaltradh leis a' chuspair le bhith a' gabhair a-steach iomraighean cultarach mun dùthaich/na dùthchannan far a bheil an cànan amasach air a labhairt, mar eisimpleir, iomraighean air bailtean, ùidhean luchdturas, agus comharran-tìre/daoine ainmeil. • Planadh agus libhrigeadh taisbeanadh goirid le susbaint agus structar iomchaidh, a' conaltradh gu soilleir, so-chlaistinneach agus le fuaimneachadh iomchaidh.
	<p>Eagrachadh agus cleachdadh fiosrachadh</p>	<p>Chuir mi gu soirbheachail ri buidheann airson òraidean goirid a phlanadh agus ullachadh anns a' chànan a tha mi ag ionnsachadh, mu chuspairean sa bheil üidh agam no le ceangal ris an dùthaich far a bheil an cànan a tha mi ag ionnsachadh ga bruidhinn.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-06a</p> <p>'S urrainn dhomh taisbeanadh a thoirt seachad leam fhìn sa chànan a tha mi ag ionnsachadh, a' cleachdadh diofar mheadhanan mar ICT mar a tha iomchaidh.</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Gniomhadh gu co-obrachail airson òraid a phlanadh agus a cho-libhrigeadh sa chànan amasach. Cumail suas còmhradh fada gu leòr airson mionaideachd a thaisbeanadh ann am briathrachas aithnichte agus gràmar a thuilleadh air fuaimneachadh agus dòigh-labhairt. • Taisbeanadh conaltradh leis a' chuspair le bhith a' gabhair a-steach iomraighean cultarach mun dùthaich/na dùthchannan far a bheil an cànan amasach air a labhairt, mar eisimpleir, iomraighean air bailtean, ùidhean luchdturas, agus comharran-tìre/daoine ainmeil. • Planadh agus libhrigeadh taisbeanadh goirid le susbaint agus structar iomchaidh, a' conaltradh gu soilleir, so-chlaistinneach agus le fuaimneachadh iomchaidh.

		MLAN 3-06b	<ul style="list-style-type: none"> Cleachdadh stòrasan mar a bhios iomchaidh mar thaic do chonaltradh, mar eisimpleir, power point no cairtean sanais. Labhairt airson faid iomchaidh agus comasach air mionaideachd a thaisbeanadh ann am briathrachas, gràmar agus dòigh-labhairt.
Èisteachd agus labhairt	Cleachdadh eòlas air cànan	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas air cànan, air dòigh-labhairt agus air fuaimneachadh a chur gu feum airson:</p> <ul style="list-style-type: none"> dèanamh cinnteach gu bheil daoine eile gam thuigsinn nuair a tha mi a' fuaimneachadh fhacail agus abairtean air a bheil mi eòlach mo chuideachadh ann an obrachadh a-mach mar a dh'fhuaimnicheas mi facail air nach eil mi eòlach teacsa goirid a leughadh a-mach gun mhearachd agus le misneachd. 	<ul style="list-style-type: none"> Cleachdadh riaghailtean fuaimneachaidh le facail neo-aithnichte le bhith a' comharrachadh agus a' cur an gniomh pàtrain litrichean aithnichte. Fuaimneachadh fhacail aithnichte gu soilleir agus cleachdadh raon seasmhach de bhiathrachas a tha iomchaidh don ìre. Leughadh le tomhas de fhileantachd agus tuigse, a' cleachdadh astar agus tònachd iomchaidh. Taisbeanadh eòlas iomchaidh air structaran gramataigeach a' gabhail a-steach eòlas air barrachd na aon tràth, thar raon de ghnìomhan labhairt.
Leughadh	Lorg agus cleachdadhl fiosrachadh	<p>Tha mi ag obair leam fhìn agus còmhla ri daoine eile airson teacsa a thuigsinn, a' cleachdadh ghoireasan iomchaidh. 'S urrainn dhomh leughadh agus sealltann gu bheil mi a' tuigsinn theacsainchean nach eil cho sìmplidh anns a bheil facail air a bheil agus air nach eil mi eòlach.</p>	<ul style="list-style-type: none"> Cleachdadh measgachadh de thaic, leithid beag-fhaclair no faclair dà-chànanach airson tuigse do theacsainchean fhaotainn, sa bheil cànan neo-aithnichte agus seantansan leudaichte. Comharrachadh priomh phuingean an teacsa agus comasach air conaltradh le càch.

	<p>Leughadh gus luach a chur air cultaran eile</p> <p>Tha mi ag obair team fhìn agus còmhla ri daoine eile airson teacsainchean sa chànan a tha mi ag ionnsachadh a leughadh agus a sgrùdadh. 'S urrainn dhomh an t-eòlas a tha agam a shealltann mu bheatha agus cultar ann an cuid de na dùthchannan far a bheil an cànan a tha mi ag ionnsachadh ga bhruidhinn.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-09a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Taisbeanadh tuigse do theacsainchean nas fhaide sa chànan amasach le, mar eisimpleir, sgrìobhadh piosan fiosrachaidd bho theacsa, freagairt cheistean, no mineachadh nam priomh phuingean do chàch agus beagan mion-fhiosrachaidd mun teacsa, airson taic. Comharrachadh dhiofaran cultarach tro leughadh raon de theacsainchean mun dùthaich agus a luchd-còmhnaidh sa chànan amasach.
	<p>Leughadh airson ùidh agus tlachd</p> <p>'S urrainn dhomh diofar theacsainchean a thaghadh agus a leughadh airson ùidh agus tlachd, a' gabhail a-steach theacsainchean mac-meanmnach a tha nas fhaide agus ann an diofar stoidhlichean, an dà chuid rosg agus bàrdachd, agus a tha 's dòcha air an atharrachadh gu ìre.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-10a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Cur raon de sgilean leughaidh agus ro-innleachdan an sàs airson briathrachas neo-aithnichte a leughadh le tuigse a tha a' sior fhàs do raon de theacsainchean, a' gabhail a-steach earrannan leughaidh no sgeulachdan nas fhaide. Cleachdadhbh eòlas air co-theacsa, co-dhàimhean agus structaran gramataigeach mar thaic do thuigse.
	<p>Cleachdadhbh eòlas air cànan</p> <p>'S urrainn dhomh faclair dà-chànanach a cleachdadhbh gu neo-eisimeileach airson mo chuideachadh a' tuigsinn cànan ùr.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-11a</p> <p>Aithnichidh mi feartan fhacail sa chànan a tha mi ag ionnsachadh agus 's urrainn dhomh an cleachdadhbh gus facail agus na ceanglaichean eadar facail a thuigsinn.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-11b</p>	<ul style="list-style-type: none"> Cleachdadhbh faclair dà-chànanach no stòran fiosrachaidd eile gus facail neo-aithnichte no gu cumanta air am mìlitreachadh, a sgrùdadh. Ag aithneachadh ro-leasachain, iar-leasachain cumanta agus coimeasgadh de litrichean. Comharrachadh cheanglaichean eadar facail. Cleachdadhbh an eòlais seo gus co-dhàimhean a chomharrachadh airson cuideachadh le brìgh nam facial ùra obrachadh a-mach. Comharrachadh mhìrean cainnte leithid ainmearan, buadhairean, co-ghniomhairean agus gniomhairean agus cur an eòlais seo an sàs gus taic a chur ri an tuigse do theacsainchean.

Sgriobhadh	<p>Eagrachadh agus cleachdadh fiosrachadh</p> <p>Tha mi a' cleachdadh taic o dhaoine eile agus stuthan-taic iomchaidh dem roghainn fhìn airson mo chuideachadh le planadh mo sgriobhaidh ann an dòighean a bhios tarraingeach don leughadair, a' cleachdadh ICT nuair a tha sin iomchaidh.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-12a</p> <p>'S urrainn dhomh barrachd fiosrachaidh a chur ri chèile, ath-sgriobhadh agus a thaisbeanadh mum dheidhinn fhìn agus mu dhaoine eile, mu rudan a thachair dhomh no mu chuspair dem roghainn fhìn, airson adhbharan eadar-dhealaichte.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-13a</p> <p>'S urrainn dhomh mo bheachdan a chur an cùill agus adhbharan sìmplidh a thoirt seachad air an son.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-13b</p>	<ul style="list-style-type: none"> Obrachadh le càch airson obair sgriobhte a phlanadh agus ath-sgrùudadh. Cleachdadh taic mar fhaclair dà-chànanach, notaichean gràmair, no teicneòlas didseatach gus mionaideachd ann an litreachadh no structar a sgrùudadh. Toirt obair sgriobhte gu buil sa chànan amasach a tha gun mhearrachd sa mhòr-chuid a thaobh cleachdadh air roimhearan pearsanta, roimhearan seilbhreach, gnìomhairean, tràthan, buadhairean agus co-ghniomhairean. Cur eòlas air pátrain agus riaghailtean litreachaidh an sàs airson facail aithnichte a litreachadh gu ceart. Taisbeanadh eòlas agus cur an sàs mionaideach air àbhaistean puineachaidh sa chànan amasach leithid cleachdadh air litrichean mòra, puinean-stad, cromagan, clisg-phuingean, comharran ceist agus blasan-cainnte. Cleachdadh sheantansan sìmplidh de fhaid a tha a' sior fhàs. Dèanamh oidhirp air seantansan a cheangal gu cunbalach, a' cleachdadh an dà chuid naisgearan co-òrdanachaيدh agus fo-òrdanachaيدh, a' taisbeanadh beagan eòlais air riaghailtean òrdugh fhacail far a bheil sin iomchaidh. Fìreanachadh bheachdan a' cleachdadh raon de bhuadhairean, ceangladairean agus òrdugh fhacail mar adhbharan airson nam beachdan sin.
-------------------	---	--

Sgrìobhadh	Cleachdadh eòlas air cànan	<p>'S urrainn dhomh measadh dè cho ceart agus a tha mo sgrìobhadh, a' cleachdadh m' eòlas air cànan, taic dhaoine eile agus stuthan-taic freagarrach, nam measg slatan-tomhais soirbheachaidh.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 3-14a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Ath-sgrùedadh agus ceartachadh sgriobhadh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil e a' dèanamh ciall agus freagarrach don adhbhar. Mar eisimpleir, cleachdadh faclair dà-chànanach, notaichean gràmair, no measadh chomhaoisean airson mionaideachd agus ciall a sgrùedadh.
------------	-----------------------------------	---	---

Nuadh-chànanan Ceathramh ìre

	Eagraicearan Curraicealaim	Eòlasan agus Builean airson planadh ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	Slatan-tomhais mar thaic do bhreithneachadh proifeiseanta luchd-cleachdaidh
Èisteachd agus Labhairt	Èisteachd airson fiosrachadh <p>'S urrainn dhomh èisteachd agus sealtainn gu bheil mi a' tuigsinn cànan o dhiofar ghoireasan no dhaoine, nam measg luchd-labhairt nach aithne dhomh, far a bheil na seantasan nas iomadh-fhillte agus mi-àbhaisteach agus anns a bheil cànan air nach eil mi eòlach agus cànan as aithne dhomh air a chleachdadhe ann an suidheachaidhean ùra.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-01a</p>	<p>Èisteachd agus labhairt ri càch</p> <p>'S urrainn dhomh èisteachd ri daoine eile is am freagairt, a' gabhail a-steach fhileantaich chuideachail, ann an còmhraidhean nas fhaide nach eil a' leantainn pàtral àbhaisteach.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-02a</p> <p>'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail gu h-eifeachdach ann an còmhraidhean sa bheil fiosrachadh nas mionaidiche, a' cleachdadhe raon farsaing de structaran cànan agus gnàthasan-cainnte Gàidhlig airson fiosrachadh, eòlasan, faireachdainn agus beachdan a chur an cèill, agus 's urrainn dhomh adhbharan nas mionaidiche a thoirt airson mo bheachd.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-03a</p> <p>'S urrainn dhomh còmhradh a thòiseachadh is a chumail a' dol le bhith, mar eisimpleir, a' faighneachd cheistean iomchaidh agus ag iarraidh cuideachadh mar a tha feum air.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-04a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Taisbeanadh tuigse do theacsainchean furasta le beagan cànan nach eil cho ro-innseil bho mheasgachadh de stòran, leithid bho naidheachdan TBh/cromagan sìde, no earrannan à filmichean/prògraman TBh sa cànan amasach.

Eisteachd agus Labhairt		<p>'S urrainn dhomh co-obrachadh ann an ullachadh agus ann an taisbeanadh dhealbhan-cluiche nas sgaoilte ann an raon farsaing de shuidheachaidhean creidsinneach stèidhichte san dùthaich agam fhin agus ann an dùthaich far a bheil an cànan a tha mi ag ionnsachadh ga bhruidhinn.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-05a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Ag iarraidh air càch sa chànan amasach 'ath-aithris', 'gabhair air an socair', no 'labhairt nas soilleire', mar eisimpleir. Ag innse don eadar-labhair mura h-eil e/i a' tuigsinn na thathar air a ràdh. • Ag obair gu co-obrachail gus gniomhan riocd-ghabhail is sudheachaidhean fosgailte de fhaid iomchaidh, a chruthachadh agus a thaisbeanadh. • Taisbeanadh tuigse do structaran neo-fhillte agus briathrachas nach eil cho aithnichte ann an diofar cho-theacsaichean, le conaltradh ann an tar-ghniomhan ùghdarraill, mar eisimpleir, ceannach thiogaidean siubhail, cur air dòigh àite-furich no òrdachadh biadh.
	Eagrachadh agus cleachdadhbh fiosrachadh	<p>'S urrainn dhomh, a' cleachdadhbh diofar mheadhanan mar ICT far a bheil sin iomchaidh, mo thaisbeanadh fhìn a phlanadh, ullachadh agus a thoirt seachad anns a' chànan a tha mi ag ionnsachadh, mu chuspairean sa bheil ùidh phearsanta agam, no aig a bheil ceangal ris an dùthaich far a bheil an cànan a tha mi ag ionnsachadh ga bhruidhinn.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-06a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Planadh agus libhrigeadh taisbeanadh le fuaimneachadh, susbaint agus structar iomchaidh, a' conaltradh le tomhas de fileantachd, a' cleachdadhbh taic mar power point no cairtean sanais. • Taisbeanadh conaltradh le agus tuigse don chuspair le bhith a' gabhair a-steach iomraighean cultarach air an dùthaich/na dùthchannan far a bheil an cànan amasach air a labhairt, mar eisimpleir, iomraighean air bailtean, ùidhean luchd-turas agus comharran-tìre/daoine ainmeil.
	Cleachdadhbh eòlas air cànan	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas air cànan, dòigh-labhairt agus fuaimneachadh a chur gu feum airson:</p> <ul style="list-style-type: none"> • dèanamh cinnteach gu bheil daoine eile gam thuigsinn nuair a bhios mi a' fuaimneachadh fhacail agus abairtean air a bheil mi eòlach • mo chuideachadh ann an obrachadh a-mach, gun mhearachd agus le misneachd, mar a leughas mi a-mach teacsan air a bheil agus air nach eil mi eòlach. <p style="text-align: right;">MLAN 4-07a</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Taisbeanadh misneachd agus a' conaltradh gu ceart le bhith: <ul style="list-style-type: none"> - comharrachadh agus cur riaghailtean fuaimneachaidh an cùill ann am facail neo-aithnichte le bhith a' lorg phàtrain litrichean aithnichte. - fuaimneachadh fhacail aithnichte gu soilleir. • Leughadh a-mach theacsaichean aithnichte agus neo-aithnichte le fileantachd a tha a' sìor fhàs agus le tuigse, a' cleachdadhbh astar agus tònachd iomchaidh.

Lorg agus cleachdadhs fiosrachadh	<p>A' cleachdadhs measgachadh de ghoireasan, 's urrainn dhomh leughadh, gun chuideachadh, teacsas le barrachd fiosrachaidd anns a bheil cànan nach eil cho simplidh leithid diofar thràthan, agus 's urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi ga thuigsinn.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-08a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Cleachdadhs measgachadh de storasan leithid faclair dà-chànanach no beag-faclair gus tuigse do theacsaichean neo-fhillte a thaisbeanadh, a tha a' cleachdadhs measgachadh de thràthan agus de cànan neo-aithnichte.
Leughadh gus luach a chur air cultaran eile	<p>Tha mi ag obair leam fhìn agus còmhla ri daoine eile airson teacsaichean sa cànan a tha mi ag ionnsachadh a leughadh agus a sgrùdadh. 'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil eòlas agam air cultaran eadar-dhealaichte agus gu bheil mi a' tuigsinn gu bheil dòighean eadar-dhealaichte air coimhead air an t-saoghal anns na dùthchannan far a bheil an cànan a tha mi ag ionnsachadh ga bhruidhinn.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-09a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Taisbeanadh meudachadh de thuigse a thaobh theacsaichean neo-fhillte anns a bheil cànan neo-aithnichte, mar eisimpleir, a' mìneachadh nam prìomh phuingean do chàch, sgriobhadh sìos pìosan fiosrachaidd ann am Beurla, no freagairt cheistean mun teacsa. Comharrachadh agus toirt beachd sa cànan amasach air diofaran agus ionannachdan cultarach eadar Alba agus dùthaich/dùthchannan a' chànan amasaich. Togail eòlas air diofaran cultarach tro bhith a' leughadh raon de theacsaichean sa cànan amasach agus cur rannsachadh an gnìomh air an dùthaich/na dùthchannan far a bheil an cànan ga labhairt agus a luchd-còmhnaidh.
Leughadh airson ùidh agus tlachd	<p>'S urrainn dhomh taghadh agus leughadh airson ùidh agus tlachd raon de theacsaichean anns a bheil barrachd fiosrachaidd agus cànan nach eil cho simplidh, a' gabhail a-steach chunntasan mac-meanmnach, ann an rosg is bàrdachd, ann an cànan air a bheil agus air nach eil mi eòlach agus 's dòcha a chaidh atharrachadh gu ire.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-10a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Taghadh theacsaichean nas fhaide gu neo-eisimeileach leithid sgeulachdan goirid, rosg, bàrdachd, teacsaichean bho làraich-lìn, pàipearan-naidheachd no irisean airson tlachd agus ùidh. Tha iad sin a' gabhail a-steach structaran cànan neo-fhillte ach cuideachd briathrachas agus modhan-labhairt neo-aithnichte a tha iomchaidh don ire.
Cleachdadhs eòlas air cànan	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas air cànan agus ro-innleachdan eile a cleachdadhs airson mo chuideachadh a' tuigsinn agus a' sgrùdadh theacsaichean sa bheil barrachd fiosrachaidd agus anns a bheil cànan air nach eil mi eòlach agus structaran nach eil cho simplidh.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-11a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Cleachdadhs faclair dà-chànanach no stòr fiosrachaidd eile gus cleachdadhs air facail neo-aithnichte agus gu bitheanta air am mì-litreachadh a sgrùdadh, agus tar-sgrùdadh a dhèanamh air an tuigse fhèin don cànan. Cur eòlas air structaran gramataigeach agus ceangladairean eadar facail an gnìomh, gus taic a chur ri tuigse do theacsaichean anns a bheil raon fharsaing de bhriathrachas agus structaran. Faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach measgachadh de thràthan, roimhearan pearsanta agus seilbheach, òrdugh fhacail agus aonta buadhaireil.

Sgriobhadh	Eagrachadh agus cleachdadhdh fiosrachadh	<p>Tha mi a' cleachdadhdh taic o dhaoine eile agus stuthan-taic iomchaidh dem roghainn fhìn airson mo chuideachadh le planadh mo sgrìobhaidh ann an dòighean a bhios tarringeach don leughadair, a' cleachdadhdh ICT nuair a tha sin iomchaidh.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-12a</p> <p>'S urrainn dhomh barrachd a sgriobhadhdh air raon nas fharsainge de chuspairean, ann an diofar chruthan, a' cleachdadhdh measgachadh de structaran, thràthan is de fhacail ceangail.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-13a</p> <p>'S urrainn dhomh sgrìobhadhdh mu rudan a thachair dhomh, m' fhaireachdann agus mo bheachdan, agus adhbharan a thoirt seachad air an son.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-13b</p>	<ul style="list-style-type: none"> Ag obair còmhla ri càch airson obair sgrìobhete a phlanadh agus a sgrùdadhdh. Cleachdadhdh taic mar fhaclair dà-chànanach, notaichean gràmair, no teicneòlas didseatach gus mionaideachd ann an litreachadh no structaran a sgrùdadhdh. Toirt measgachadh a tha a' sìor fhàs de dh'obair sgrìobhete gu buil sa chànan amasach a tha a' cleachdadhdh sheantansan neo-fhillte de dhiofar haid agus seòrsa. Cur eòlas air pàtrain agus riaghailtean litreachaidh an sàs sa chànan amasach airson facail aithnichte a litreachadh gu ceart. Taisbeanadh aithne air àbhaistean puingeachaidh sa chànan amasach. Sgrìobhadhdh gun mhearachd a' cleachdadhdh, mar eisimpleir, roimhearan pearsanta agus seilbheach ceart, cruthan ghniomhairean ceart, tràthan iomchaidh agus aontaidhean buadhaireil ceart. Ceangal sheantansan a' cleachdadhdh an dà chuid naisgearan co-òrdanachaidehdh agus fo-òrdanachaidehdh, taisbeanadh eòlas air riaghailtean òrdugh fhacail mar as iomchaidh. Fireanachadh bheachdan a' cleachdadhdh raon a tha a' sìor fhàs de bhuadhairean, ceangladairean, cruthan ghniomhairean agus òrdugh fhacail gus raon nas leudaichte de dh'adhbharan a thoirt seachad airson nam beachdan aca.
	Cleachdadhdh eòlas air cànan	<p>'S urrainn dhomh m' eòlas mu chànan a chleachdadhdh, a' gabhail a-steach structar, litreachadh agus puingeachadh, a' cur shlatantomhais coileanaidh gu feum airson a dhèanamh cinnteach dhomh fhìn gu bheil mo litreachadh ceart.</p> <p style="text-align: right;">MLAN 4-14a</p>	<ul style="list-style-type: none"> Cur raon de ro-innleachdan agus stòrasan an gnìomh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil litreachadh gun mhearachd, a' gabhail a-steach briathrachas neo-aithnichte. Sgriobhadhdh le mionaideachd a tha a' sìor fhàs airson ciall a libhrigeadh gu soilleir, a' cleachdadhdh measgachadh de structaran gus ciall a shoilleireachadh agus sgrìobhadhdh a neartachadh. Deasachadh agus ath-sgrùdadhdh sgrìobhadhdh le neo-eisimeileachd a tha a' sìor fhàs. A' cleachdadhdh, mar eisimpleir, faclair dà-chànanach, notaichean gràmair no measadh chomhaoisean gus soilleireachd brìgh agus mionaideachd a dhèanamh cinnteach airson susbaint, cànan agus/no structar a leasachadh.